

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

**25/5/23, 1000-1300**

**Teams**

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:           Iain Mac a' Mhaoilein (sa Chathair)                           Marion Nic na Ceàrdaich  
                  Iain Moireasdan (Neach-aire)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
                  Ealasaid Dhòmhnallach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
                  Donaidh Dhòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
                  Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)  
                  Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd)  
                  Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)  
                  Uisdean MacLeòid [UML] – puingean 1-7  
                  Zarine Manekshaw agus Eunice McAdam bho Saffrey Champness - puing 10  
                  Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Chaidh puing 10 a làimhseachadh an toiseachd agus dh'fhàg muinntir Saffrey Champness a' choinneamh às dèidh a' phuing seo.

**1.       Leisgeulan**

1.1     Ceit-Anna NicLeòid, Calum MacLeòid agus Ingrid NicEanraig.

**2.       Gnothaichean dearbhte**

2.1     Cha robh gin.

**3.       Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (23/2/23)**

3.1     Aontaichte.

**4.       Gnothaichean ag èirigh**

4.1     Comharraichte.

- 4.2 A thaobh Poileasaidh Cùl-stòran (Reserves Policy) na buidhne agus cùisean *Going Concern*, bha feum air cuimhneachadh gu robhas a’ coimhead air thoiseach 12 mìosan bho latha soidhnigidh nan Cunntasan (15/6/23), agus leis gu bheil an litir maoineachaidh a’ ruith gu 31/3/24 gu robhas a’ cur earbsa nach bhiodh duilgheadasan ann le maoineachadh san ùine eadar 1/4/24 agus 14/6/24. Thèid comhairle a shireadh bho chomhairlichean ionmhais na buidhne, mus tèidear ann an còmhraidhean leis an Riaghaltas, le aithne gu robh feum air pròiseas agus co-òrdanachadh air a’ phuuing seo.
- 4.3 Bha aithne ann gum biodh co-dhùnaidhean maoineachaidh agus co-òrdanachadh air a’ chùis mar phuuing sa choinneamh san Ògmhios eadar MG ALBA/Riaghaltas na h-Alba/DCMS/BBC.

## 5. **Pasgan Cunntasachd Q4 2022-23**

- 5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.
- 5.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta agus mothachail gu robh seo mar phàirt de na Cunntasan fo phuuing 10a.

## 6. **KPI/Dashboard**

- 6.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 6.2 Bha aithne ann gu robh ruigse TBh a’ dol sìos agus gu bheil sgeulachdan làidir ann cuideachd, mar eisimpleir, na duaisean a tha gan glèidheadh agus a tha airidh air PR.
- 6.3 San fharsaingeachd, chaidh a ràdh gu robh KPIan ann airson dèanadas a leasachadh. A thaobh KPIan airson leithid ruigse seachdainneil, iPlayer agus neo-loidhneach – mura bheil iad seo tuilleadh freagarrach mar thomhas ri linn ‘s nach ann mar seo a tha daoine a’ coimhead phrògraman – an robh feum air coimhead ri an robh na KPIan sin fhathast iomchaidh? Bha beachd ann gur dòcha gum biodh e feumail rudeigin a chur riutha a tha ag innse gu bheileas mothachail air na dùbhlain a tha mu choinneimh na KPIan seo agus gu bheileas ag obair gu ruigse tuigse agus tomhas nas fheàrr, fhad ‘s aig an aon àm fhathast ag obair gus na h-àireamhan a dhèanamh nas seasmhach.
- 6.4 Le saoghal a tha ag atharrachadh bha feum air coimhead ri cò sinn, dè tha sinn a’ dèanamh agus ciamar a thathas a’ measadh dèanadais.
- 6.5 **Co-dhùnadh:** bha buill mothachail gu bheil na KPIan air a bhith uabhasach feumail agus air an deagh shealltainn gu ruigse seo, le aithne a-nis gu feum leasachadh a thoirt orra.
- 6.6 **Gnìomh:** thig seo air beulaibh na Comataidh Lèirsinn nas fhaide air adhart sa bhliadhna.  
[\(DMD\)](#)

## **7. Frèama-obrach Dearbhaidh**

### ***a) Cuir an sàs***

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall ag innse gun deach am Frèam-obrach Dearbhaidh a leasachadh thairis ais 2022/23 agus bha aithisg cur an gnìomh air am beulaibh.
- 7.2 Chaidh fàilte a chur air KMK chun choinneamh, 's i gu bhith a' coimhead an dèidh a bhith a' brosnachadh am frèam-obrach agus dha chuir gu obair, an co-bhonn ri manaidsearan.
- 7.3 Thèid fòcas a chumail air na Deich Aithrisean Barrantais (Ten Statements of Assurance) agus air na h-aithisgean cairteil.
- 7.4 Chaidh cudrom a chur air dèanamh cinnteach gu bheil fianais ann aig gach ìre den obair. Thèid aithisgean ràitheil a lìbhrigeadh.
- 7.5 Thèid beachdachadh air an dòigh as fheàrr am Frèama Obrach Dearbhaidh a chuir ri Aithisg Bhliadhna na h-ath bhliadhna.
- 7.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte gu robhas a' làimhseachadh chùisean gu h-ìomchaidh agus bho thaobh riaghalchas gur e inneal air leth feumail a th' ann.
- 7.7 **Gnìomh**: 1) thig a' chiad aithisg adhartais chun na h-ath choinneimh far an tèid togail cuideachd air cùisean airson sgrùdadh in-thaigh agus 2) thig dashboard gu coinneamh a' Bhùird. **(KMK)**

### ***b) Dìon-saidhbear***

- 7.8 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

### ***c) Plana Leantainneach Gnothaich***

- 7.9 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

### ***d) Clàr Riosgan***

- 7.10 #14 – chaidh deasbad a chumail mun riosg seo, le buill mothachail gu bheil cuid a rudan a' tachairt ach cuid a rudan eile a tha nas dùbhланаich. Chaidh innse gu bheil còmhraidhean a' leantainn air lèirmheas den Cho-bhanntachd far a bheil e a' coimhead coltach gun tèid piseach a thoirt air cothroman airson barrachd luach a lorg. Le DCMS a' cur coinneamh air dòigh eadar BBC Poileasaidh, Riaghaltas na h-Alba agus MG ALBA, cumar am Bòrd fiosraichte mu thoraidhean na coinneimh sin.
- 7.11 Tha còmhraidhean feumail air a bhith ann le luchd-poilitigs agus Ofcom thar nan ceithir bliadhna mu dheireadh ach le ceist mu dheidhinn buaidh shusbainteach. Le cus a' crochadh

air dàimhean le luchd-dreuchd fa leth, bha beachd ann gu bheil an t-àm ann a bhith a' coimhead ri *rights-based approach* ann an co-theacsa saoghal na Gàidhlig. Bidh seo air clàr a' Bhùird san Ògmhios.

7.12 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachaidh.

## **8. Ath-sgrùdaidhean**

8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh adhartas le sgrùdaidhean air Riaghailtean Ionmhasail, Poileasaidh Solarachaidh agus GDPR/FOI.

8.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachaidh.

8.3 **Gnìomh**: thèid crìoch a chur air na sgrìobhanan seo, thèid an co-roinn air a' Chomataidh ann an ùine iomchaidh mus tèid coinneamh shònraichte a chumail ro dheireadh an Ògmhios.

**(MAMI)**

## **9. Gnothaichean Riaghlachais**

9.1 Bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun phàipear, le Aithisg Bhliadhnail na Comataidh agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2022/23 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2023/24 air beulaibh bhall.

9.2 **Co-dhùnadh**: dh'aontaich buill ri susbaint a' phàipeir.

9.3 **Gnìomh**: 1) thèid am pàipear air adhart chun bhùird aig coinneamh air 15/6/23. **(MAMI)**

## **10. Cùisean deireadh na bliadhna**

### ***a) Cunntasan Reachdail***

10.1 Bhruidhinn SMD mu na cunntasan a bh' air beulaibh bhall.

10.2 Chaidh innse gu bheil cùisean mar bu chòir ach nam biodh atharrachaidhean susbainteach a' tighinn am bàrr gun deigheadh fiosrachadh a chumail ris a' Chomataidh. Chaidh a thogail gum bi deasbad mu Poileasaidh Cùl-stòran air beulaibh na Comataidh san t-Sultain.

10.3 Bha EM riarachaidh le na cunntasan.

10.4 **Co-dhùnadh**: mhol a' Chomataidh na cunntasan chun bhùird.

10.5 **Gnìomh**: thèid na cunntasan an cuir air beulaibh a' bhùird air 15/6/23 airson aonta. **(SMD)**

### ***b. Aithisg an Luchd-sgrùdaidh chun Chomataidh***

10.6 Bha pàipear agus aithisg air beulaibh bhall agus thug an neach-sgrùdaidh iomradh air.

10.7 Thug i seachad taing chun sgioba airson an taic.

10.8 Chaidh innse gun deach am pròiseas sgrùdaidh gu math rèidh. Bha an luchd-sgrùdaidh

toilichte leis na h-àireamhan agus gun robh iad a' riochdachadh sealladh fìor is chothromach de staid MG ALBA aig 31 Màrt 2023.

- 10.9 Chaidh an neach-sgrùdaidh tro aithisg an luchd-sgrùdaidh a' tarraing air diofar phuingeann anns an aithisg. San fharsaingeachd chaidh a h-uile càil mar bu chòir agus cha deach draghan sam bith a thogail. Chaidh a ràdh nach biodh ceist ann mu *Going Concern*, agus dhaingnich na buill fa leth nach robh iad mothachail air dad a bharrachd a bu chòir togail, agus gu sònraichte nach robh iad mothachail air cunnartan sam bith co-cheangailte ri foill. Chaidh taing a thoirt do SMD agus an sgioba.
- 10.10 Le seo an sgrùdadh bhon taobh a-muigh mu dheireadh aig a' chompanaidh fon chùmhnannt a th' ann an-dràsta, thug an Cathraiche taing dhaibh airson an cuid obrach agus taic thar nam bliadhnaichean. Thug iad seachad taing airson a bhith ag obair còmhla ris a' bhuidheann.
- 10.11 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta agus thug iad seachad meal-a-naidheachd don sgioba airson aithisg cho soirbheachail.
- 10.12 **Gnìomh**: thèid am pàipear air beulaibh a' bhùird air 15/6/23. (SMD)

#### ***c. Aithisg Bhliadhnail MG ALBA 31/3/23***

- 10.13 Bha pàipear agus teacsa na h-aithisg air beulaibh bhall.
- 10.14 **Co-dhùnadh**: Bha buill riarachta.
- 10.15 **Gnìomh**: thèid a chuirteachadh air na buill air fad agus an uair sin thèid e air beulaibh a' Bhùird airson aonta air 15/6/23. (SMD)

#### ***d) Fiosrachadh Foillseachaidh Bhuidhnean Poblach***

- 10.16 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.
- 10.17 **Gnìomh**: thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. (MAMI)

### **11. Cùmhnantan Seirbheis**

- 11.1 Chaidh failte a chur air KMCK chun choinneamh, 's i a' coimhead an dèidh solarachadh.
- 11.2 Bha pàipear air beulaibh bhall an dèidh lèirmheas slàn a dhèanamh air cùmhnantan seirbheis air fad.
- 11.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

### **12. Pròiseas airson fastadh Luchd-sgrùdaidh airson 2023-24**

- 12.1 Le cùmhnant còig bliadhna le Saffrey Champness a' tighinn gu crìoch le sgrùdadh 2022/23 bha pàipear agus leth-bhreac den dreach Cuireadh air beulaibh bhall le fios gu feumar a-nis a

dhol a-mach gu tagradh airson solarachadh sgrùdadh bhon taobh a-muigh. Thèid seo a shanasachadh tro *Public Contracts Scotland*.

12.2 **Co-dhùnadh:** Bha buill riarachaidh.

12.3 **Gnìomh:** thèid gluasad gu cuireadh gu tagradh. (KMCK)

### 13. HR

13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall gus fiosrachadh iomchaidh a thoirt don Chomataidh gus dearbhadh a thoirt do Bhuill air cùisean luchd-obrach is cosnadh airson na bliadhna gu 31 Màrt 2023.

13.2 Bha deasbad ann mu dè cho earbsach 's a bha am fiosrachaidh nàiseanta mu ìrean bhochdainn ann an luchd-obrach na RA, ri linn gu robh na h-uiread a-nis ag obair bhon taigh gu tric. Chaidh aontachadh bho thaobh MG ALBA gum biodh e feumail làithean bochdainn gèarr-ùine agus fad-ùine a shealltainn fa leth.

13.3 Bha buill toilichte faicinn gu robh Slàinte & Sunnd cho cudromach dhan bhuidheann agus chaidh meal-a-naidheachd a chur air a' bhuidheann airson aithisgean cho làidir agus brosnachail.

13.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh

### 14. GISBE

14.1 Chaidh taing na Comataidh a bhuileachadh air Marion le seo a' choinneamh mu dheireadh aice den Chomataidh seo, le uallach a-nis aice airson Comataidh Lèirsinn. Chaidh taing a thoirt dhith airson a h-obair cruaidh agus na chur i ri obair na Comataidh fad bhliadhnaichean agus thug i seachad taing do dh'oifigearan airson an cuid taic agus obair.

### 15. Deit na h-ath choinneimh – 14/9/23.

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: